


Ceistean



Thoir sùil air paragraf 1.

“sanntach”

1. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ris an fhacal seo.

Miannasach, gionach, ag iarraidh rudan nach eil agad.

Thoir sùil air paragraf 2.

“gur daor a cheannaich mi an rud a fhuair mi an-asgaidh”

2. Nad fhaclan fhèin, inns dè tha an gnàthas-cainnt seo a’ ciallachadh.

Tha e a’ ciallachadh an aon rud ris an abairt Bheurla ‘There’s no such thing as a free lunch’. Leis an seo, thathar a’ ciallachadh gum feum thu pàigheadh airson gach rud air dòigh air choreigin, agus mar as saoire a bha thu an dùil a bha e, ’s ann as daoire a bhios e aig a’ cheann thall. Mar eisimpleir, nan toireadh cuideigin rudeigin dhut agus gun iad ag iarraidh sgath airgid air, dh’fhaodadh tu a bhith cinnteach gum biodh iad a’ sireadh airgead no fàbhar air choreigin an ceann ùine nach biodh fada.

Thoir sùil air paragraf 3.

“impis”

3. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ris an seo.

Cha mhòr, faisg air, gus a bhith.

“S e villa èireachdail a th’ ann”

4. Dè a’ bhuidh a th’ aige gu bheil an sgrìobhadair a’ cleachdadh an fhacail ‘villa’ an seo?

’S e facal Eadailteach a th’ ann a’ ‘Villa’ agus tha e a’ toirt air an leughadair smaointinn gur e taigh spaideil agus caran sòghail a th’ ann. Tha seo a’ cuideachadh gus dealbh a chruthachadh nar n-intinn gun robh tòrr airgid aice agus gun robh e cudromach dhi gun robh taigh mòr àlainn mar seo aice.

Thoir sùil air paragraf 7.

“tumadh”

Thoir seachad facal no abairt eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ris an seo.

Bogadh, ga chur don bhobhla

Thoir sùil air paragraf 8.

“eangarra”

5. Thoir seachad facal no abairt eile a tha a’ ciallachadh an aon rud ris an seo.

Feargach, fiadhaich, ann an droch shunnd, gun mòran foighidinn

Thoir sùil air paragraf 11.

6. (a) Dè an innleachd sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a’ cleachdadh aig toiseach a’ pharagraf seo?

Tha am paragraf a’ fosgladh le trì seantansan uabhasach fhèin goirid.

(b) Dè a’ bhuidh a th’ aig an innleachd sgrìobhaidh seo?

Tha na seantansan goirid seo a’ samhlachadh na tha a’ tachairt san sgeulachd. Tha i na suidhe ann an taigh-bìdh a’ caoineadh. Tha e doirbh dhi bruidhinn a chionn ’s gu bheil i a’ gal, agus mar sin, tha e freagarrach gu bheil na tha i ag ràdh ann an seantansan goirid. Tha i a’ bruidhinn ann an seantansan goirid oir tha i a’ feuchainn ri sgrù a chaoineadh

agus smachd fhaighinn air na faireachdainnean aice.

Thoir sùil air paragraf 14.

“Bha fhios a’ m gun tachd an gionach na coin”

7. Mìnich na tha thu a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo.

Gur e droch rud a bh’ ann a bhith miannasach no sanntach. Mas fhìor nam biodh cù ag ithe cus bìdh gun tachdadh e e fhèin. Tha e a’ ciallachadh nach tigeadh rud math bho bhith ro shanntach idir.

Thoir sùil air paragraf 20.

“Thug e mo char asamsa”

8. Mìnich na tha thu a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo.

Gun tug e air rudeigin a chreidsinn; gun robh e a’ tarraing às; gun do chluich e cleas air.

“Ghoideadh am fear ud a’ bhoiteag bhon chirc dhal”

9. Mìnich na tha thu a’ tuigsinn bhon ghnàthas-cainnt seo.

Gun goideadh e rud sam bith. Gum biodh e deònach rudeigin a ghoid bho chreutair neo-chiontach aig nach biodh mòran cothrom rud den t-seòrsa sin fhaighinn a-rithist. Tha e caran coltach ris an abairt Ameireaganch ‘taking candy from a kid’.

Thoir sùil air paragraf 30.

“Chan e boireannach sanntach a th’ annam”

10. Tha e inntinneach gu bheil an sgeulachd a’ tòiseachadh agus a’ crìochnachadh leis na faclan seo. Tron sgeulachd, tha e a’ tighinn am follais gur e boireannach sanntach a th’ innte.

Tagh dà abairt bhon sgeulachd agus mìnich mar a tha iad a’ dearbhadh gun robh am boireannach seo dha-rìribh sanntach.

“Tha còir agam a bhith taingeil nach eil Mairead ... ag iarraidh airgead bhuam.” (paragraf 1) – Cha robh i deònach airgead a thoirt seachad idir.

“Tha e coltach gum feum mi (am Mercedes) a reic mus faigh mi a-mach às an t-sitig seo.” (paragraf 3) – Bha i ga fhaicinn na chruaidh-chàs uabhasach gum feumadh i an càr spaid-eil aice a reic.

“Bha mi air mo bhruthadh gus beagan dheth ... uill, mòran dheth a ghabhail.” (paragraf 14) – Bha i a’ dol a ghabhail tuilleadh ri ithe ged a bha i làn.

“Ghabh mi tùr de chèic agus truinnsear de shùbhan-craoibh còmhla.” (paragraf 14) – Bha i ag ithe tòrr a bharrachd de rudan milis na dh’fheumadh i.

“Nuair a dh’fhairich mi blas na cèic agus an t-sùgh còmhla, bha a h-uile pàirt dhìom bàthte ann am mìlseachd bhlàth.” (paragraf 16) – Tha i daonnan a’ smaointinn gu sàntach mu rudan milis agus cho math ‘s a tha iad a’ còrdadh rithe.

“Nach robh àrachas agam.” (paragraf 22) – Ged a bha airgead gu leòr aice ri chosg air Mercedes agus villa, cha robh airgead aice airson àrachas a phàigheadh airson na rudan sin a dhìon.